

## Poileas a' Chinn a Tuath (*dìon is dèan*)

### Cùl-fhiosrachadh:

Is e Poileas a' Chinn a Tuath an Fheachd as fhaide tuath san Rìoghachd Aonaichte is e an urra ris a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan, anns a bheil aon 10,000 de mhìltean ceàrnach.

Leis a' chuid as motha den 300,000 a tha a' fuireach sa Ghàidhealtachd stèidhichte ann am bailtean beaga, is e modh-gabhail air a bhonntachadh air a' choimhearsnachd as prìomh amas do Phoileas a' Chinn a Tuath.

Is e an ceann-crìche a tha aig Poileas a' Chinn a Tuath barrachas ann am maoirseachd air a' choimhearsnachd a thoirt do na h-uile sa choimhearsnachd againn fhìn. Gus an ceann-crìche againn a thoirt gu buil, bheir sinn seachad seirbheisean a tha follaiseach agus furasta cothrom fhaighinn orra, cuiridh sinn air adhart sàbhailteachd is fallaine agus cuiridh sinn ri càileachd na beatha do na h-uile sa Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan. Tha rùn againn luach a chur air eugsamhlachd is gabhail rithe agus tha sinn ag obair gus barrachd de Chothrom na Fèinne a thoirt do na h-uile. Gus cuideachadh rinn gus an rùn seo a thoirt gu buil, tha sinn air beagan de dh'fhiosrachadh bunaiteach a thionndadh gu cànanan eile. A rèir mar a thig an làrach air adhart, tha sinn an dòchas barrachd thionndaidhean gu cànanan eile a chur rithe.

## Mar a Chuireas Sibh Fios Thugainn

### Mar a Ghabhas Sinn Gnothach ris a' Ghlaoch Agaibh

Nuair a chuireas sibh fios air Poileas a' Chinn a Tuath, thèid iarraidh oirbh fiosrachadh pearsanta mur deidhinn fhèin is fiosrachadh mun eucoir no thachartas a tha sibh a' iarraidh cur an cèill no mu bheil sibh ag iarraidh comhairle a thoirt seachad. A rèir an t-suidheachaidh, faodaidh gun tèid no nach tèid polasman a chur gur faicinn.

### Ann an Èiginn

Ann an èiginn, cuiribh sgairt air 999 daonnan.

Faodaidh luchd-cleachdaidh fòn-teacsa fios a chur oirnn ann an èiginn, gus eucoir a chur an cèill no le ceistean san fharsaingeachd air 01463 723325.

### Ceistean san Fharsaingeachd

Cuiribh sgairt air 08456 03 33 88

Gus eucoir a chur an cèill:

Cuiribh fios air an [stèisean ionadail](#) agaibh

## NOT PROTECTIVELY MARKED

- **Facs:** 01463 230 800
- **Loidhne-dìomhaireachd:** 01463 723 321
- **Fòn-teacsa:** 01463 723 325
- Faodaidh sibh post-dealain a chur thugainn cuideachd aig an t-seòladh a leanas - [mail@northern.pnn.police.uk](mailto:mail@northern.pnn.police.uk)

### **Gus eucoir a chur an cèill gun urra**

Faodaidh sibh fios a chur air Crimestoppers gun urra le bhith a' sgairt air 0800 555 111 no mas lìonas sibh a-mach a' bhileag mu thoirt seachad fiosrachaidh a tha againn air an Lìon.

Mura bheil sibh a' bruidhinn Beurla no mura b' e a' Bheurla a' chiad chànan agaibh, faodaidh sibh fiosrachadh gun urra a thoirt dhuinn fhathast tro sheirbheis eadar-theangachaidh. Thèid an glaoch agaibh a fhreagairt le cuideigin a bhruidhneas Beurla. **Bidh agaibh ri innse dhaibh dè an cànan a bhios sibh a' bruidhinn.**

**Gus tachartas no eucoir far a bheil fuath rachaibh air an Lìon gu**

[www.hatefreehighland.org](http://www.hatefreehighland.org)

## **Cothrom air Seirbheisean eile aig a' Phoileas:**

### **Seirbheisean Eadar-theangachaidh/Eadar-mhìneachaidh**

Tha cothrom againn air caochladh eadar-mhìnichèaran a bhios a' cuideachadh rinn gus conaltradh a dhèanamh ri daoine nach eil a' Bheurla mar a' chiad chànan aca. Ma bhios adhbhar agaibh buntainn ris a' Phoileas, faodaidh sinn seirbheisean eadar-mhìnichèir/eadar-theangair a chur air dòigh dhuibh ma bhios feum orra.

Ma bhios sibh ag iarraidh gun tèid sgrìobhainn phoblach sam bith le Poileas a' Chinn a Tuath a chur gu cànan a tha iomchaidh dhuibh, cuiribh fios oirnn mas e ur toil e aig [mail@northern.pnn.police.uk](mailto:mail@northern.pnn.police.uk) no air fòn air 08456 03 33 88.

### **Beachdan air Ais**

Ma tha sibh ag iarraidh beachdan a nochdadh ri Poileas a' Chinn a Tuath mu chàil sam bith ceangailte ri seirbheisean a' phoileis, cuiribh fios mas e ur toil e air Aonadh Poileasaidh is Co`-ordanachaidh air 01463 720393 no le post-dealain gu [mail@northern.pnn.police.uk](mailto:mail@northern.pnn.police.uk)

### **Ceanglaichean Feumail**

- [Report hate crime](#)
- [Refuge – For women and children against domestic violence](#)
- [NHS24 – other languages](#)
- [Road Safety Scotland – Foreign Drivers](#)
- [Google Translate – translate any webpage into a chosen language](#)

NOT PROTECTIVELY MARKED